

# Finn Finity and the Wild Maths Zoo Adventure

## Tionndadh teacsa a-mhàin

(ri chleachdadh còmhla ris an taisbeanadh-shleamhnagan)

### Caibideil 1: Creag nan Ceann-fionn (Penguins Rock)

#### [SEALL SLEAMHNAG LE GEATA AN SÙ AIRSON TÒISEACHADH]

B' e madainn shoilleir, ghrianach a bh' ann nuair a ràinig Fionn Finity Sù Dhùn Èideann, deiseil airson latha mòr. Le poca thairis air a ghualainn, leabhar notaichean agus peansail deiseil, chaidh e tron gheata, air bhioran a dh'fhaicinn càite an toireadh an latha e. Thog Fionn mapa sù, agus cho-dhùin e a dhol gu Creag nan Ceann-fionn an toiseach.

#### [SEALL SLEAMHNAG LE MAPA AN SÙ]

Chuir neach-glèidhidh sù fàilte air aig an doras, "Madainn mhath, Fhinn! Mise Lorna. Nach cuidich thu sinn. Tha an t-àm biathaidh dìreach a' tòiseachadh, ach tha sinn ann an rud beag de staing." Lean Fionn i chun na cùil far an robh cinn-fhionna a' sgreuchail agus a' spàgail mun cuairt, deiseil airson am bracaist. Bha peile mhòr èisg air bòrd.

"Seo an duilgheadas," mhìnich Lorna. "Tha 60 iasg againn ri roinn eadar na Cinn-fhionna, ach chaidh ar clàr-biathaidh a mhilleadh leis an uisge an-dè. Chan eil cuimhne agam ach air seo..." Thug i duilleag bhog pàipeir dha Fionn leis na notaichean a leanas sgrìobhte air:

**Cinn-fhionna an Rìgh:** Dàrna leth an èisg

**Cinn-fhionna Gentoo:** Trian den iasg

**Cinn-fhionna Rockhopper:** An còrr.

"An obraich thusa a-mach cia mheud iasg a bu chòir do gach buidheann fhaighinn?" dh'fhaighnich Lorna. Rinn Fionn gàire, "Nì mise sin gun teagamh! 'S fìor thoil leamsa Matamataig." Tharraing e a-mach an leabhar notaichean aige agus thòisich e a' sgrìobhadh.

#### [SEALL SLEAMHNAG LE FIONN AGUS NA CINN-FHIONNA]

"Feumaidh mi cuideachd clàradh cia mheud iasg a gheibh gach ceann-fionn fa leth," thuirt Lorna, a' toirt pìos pàipeir eile do dh'Fhionn.

**Cinn-fhionna an Rìgh:** 6 ceann-fionn sa bhuidhinn

**Cinn-fhionna Gentoo:** 5 ceann-fionn sa bhuidhinn

**Cinn-fhionna Rockhopper:** 5 ceann-fionn sa bhuidhinn

"Ma roinneas sinn iad gu co-ionnan eadar na cinn-fhionna uile anns gach buidhinn, an urrainn dhut obrachadh a-mach dè a bu chòir dhomh a sgrìobhadh sìos?" Ghnog Fionn a cheann. "Is urrainn gun teagamh sam bith!"

“Math fhèin!” Rinn Lorna gàire mhòr nuair a chunnaic i àireamhachadh Fhinn. “Chì sinn a bheil na cinn-fhionna ag aontachadh.” Còmhla, thug iad an t-iasg dha na cinn-fhionna. Bha na cinn-fhionna a’ sgreuchail gu toilichte, ag ithe an cuid èisg.

### **[SEALL SLEAMHNAG LE CAIRTEAN-PUIST D AGUS A]**

Thug Lorna dà chairt-puist do dh’Fhionn. “Tapadh leat, Fhinn – tha thu air ar sàbhaladh! Seo rudeigin beag dhutsa mar chuimhneachan air do chuairt. Carson nach tèid thu a-null gu na siorafan a-nis? Chuala mi gu bheil iadsan feumach air cuideachadh cuideachd.”

Chuir Fionn na cairtean-puist gu sàbhailte na phoca agus choimhead e air a’ mhapa. A’ smèideadh gu Lorna agus na cinn-fhionna, dh’fhalbh e sìos an t-slighe, a’ beachdachadh air dè an ath dhùbhlán a bha a’ feitheamh air.

### **[DÈAN TÒIMHSEACHAN 1]**

## Caibideil 2: Sgrùdadh Slàinte nan Siorafan

### [SEALL SLEAMHNAG LE MAPA AN SÙ AIRSON TÒISEACHADH]

Lean Fionn an t-slighe lùbach tron sù, am mapa na làimh. An ath stad: Taigh nan Siorafan. Bha fadachd air coinneachadh ris na beathaichean a b' àirde san sù. Bho àm gu àm chluinneadh e còmhraidh dhaoine agus beucail nan leòmhann fad às a' tighinn thuige air gaoth bhlàth an t-samhraidh fhad 's a rinn e a shlighe gu buaile nan sioraf.

A-staigh, bha neach-glèidhidh sù trang a' sgrùdadh clàr-bùird. Sheall i an-àirde agus rinn i gàire nuair a thàinig Fionn a-steach. "Haidh, feumaidh gur tusa Fionn! Mise Penny. Tapadh leat airson ar cuideachadh an-diugh. Cheartaich Fionn a speuclairean air a shròin agus ghnog e a cheann, "Dè an dùbhlán?"

### [SEALL SLEAMHNAG LE SIORAFAN]

Chomharraich Penny buidheann shiorafan a bha a' cnagadh dhuilleagan air geugan. "Is iad seo Ronnie, Arrow, Gerald, Fennessy, agus Gilbert. Tha iad a' faighinn an sgrùdadh slàinte bhliadhnail aca. Tha sinn air an àirde a thomhas – ach tha na h-àireamhan uile air a dhol troimh-a-chèile. An dùil am b' urrainn dhutsa an cur an òrdugh?" Thug i dha an clàr-bùird.

Sheall Fionn air na siorafan, agus an uair sin sheall e sìos air an liosta de na h-àireamhan a bha troimh-a-chèile. Chrùb e sìos air an talamh, peansail na làimh, agus thòisich e air gach sioraf a mhaidseadh ris an àirde cheart, a' dèanamh cinnteach air gach àireamh dà uair fhad 's a bha e a' dol air adhart.

Beagan mhionaidean às dèidh sin, thug Fionn an clàr-bùird air ais le gàire. "Is math a rinn thu!" arsa Penny, a' toirt sùil air a chuid obrach. "Tha thu air tòrr ùine a shàbhaladh dhuinn."

Sheall Fionn air na siorafan. "Saoil dè an àirde a th' annamsa an coimeas riuthasan?" thuirt e. Rinn Penny gàire. "Faodaidh tu faighinn a-mach - tha clàr-àirde sioraif dìreach thall an sin!"

### [SEALL SLEAMHNAG LE FIONN RI TAOBH CAIRT-ÀIRDE]

Chaidh Fionn a-null chun an t-soidhne dhathte agus sheas e ri taobh an silhouette de shioraf. Thòisich e a' lachanaich. "Tha beagan fàis agam ri dhèanamh fhathast!" ars esan.

Thug Penny dà chairt-phuist eile dha. "Cuimhneachan bhon sgioba as àirde aig an sù!" ars ise le gàire. "Tapadh leat!" Chuir Fionn iad gu faiceallach na phoca. Abair gum biodh na cairtean-phuist nan deagh chuimhneachan air an turas.

### [SEALL SLEAMHNAG LE CAIRTEAN-PUIST I AGUS T]

A' fàgail beannachd le Penny agus na siorafan, thog Fionn air, a mhapa na làimh. Tòimhseachan eile dèanta – an dùil dè an ath rud a lorgadh e?

### [DÈAN TÒIMHSEACHAN 2]

### [ROGHAINNEIL: GNÌOMHAN A BHARRACHD NAN SIORAF]

### **Caibideil 3: Cabadaich mu Cho-chothromachd**

#### **[SEALL SLEAMHNAG LE MAPA AN SÙ AIRSON TÒISEACHADH]**

Choisich Fionn gu faiceallach sìos an leathad bho na siorafan, seachad air na h-itheadairean-sheanganan mòra agus na leòmhainn, gus an do ràinig e àrainn nan cat-fiadhaich. Thug e sùil gheur a-steach, an dòchas na cait-fhiadhaich, Rusky agus Rhu, fhaicinn, ach bha an àrainn a’ coimhead socair agus sàmhach. Is ann aig beul na h-oidhche agus aig briseadh an latha as gnìomhaiche a tha cait-fhiadhaich, agus mar sin is dòcha gu robh iad nan suain.

#### **[SEALL SLEAMHNAG LE SOIDHNE SALACH NAN CAT-FIADHAICH ]**

Bha e dìreach dol a ghluasad air adhart nuair a ghlac rudeigin a shùil. Bha soidhne a’ Chait-fhiadhaich air a ghànrachadh le poll – rud a thachair, is dòcha, anns an tuil uisge an oidhche roimhe. Shìn Fionn a-steach don phoca aige, thug e a-mach neapraigear, agus thòisich e air am poll a ghlanadh air falbh.

Mar a nochd an ìomhaigh fon pholl am follais, stad Fionn. “Seall sin,” ars esan. “Co-chothromachd fhoirfe.” Bha na comharran air aghaidh a’ chait-fhiadhaich cha mhòr co-ionann air gach taobh.

#### **[SEALL SLEAMHNAG LE DEALBH DE CHAT-FIADHAICH]**

Air a bhrosnachadh, dh’fhosgail Fionn a leabhar notaichean agus thòisich e air sgeidseadh. Tharraing e gu faiceallach dàrna taobh aghaidh a’ chait-fhiadhaich an toiseach, an uair sin an taobh eile, a’ toirt aire shònraichte do na pàtrain cho-chothromach. “Bidh seo taghta airson mo thaisbeanaidh Wild Maths air ais aig an taigh.”

Leis an sgeidse aige air a phasgadh gu sàbhailte na phoca, choisich Fionn bho cheann gu ceann na Transa Glèidhteachais faisg air làimh. Bha pannalan dathte air gach taobh, ag innse sgeulachdan mu obair Chomann Rìoghail Ainmh-eòlach na h-Alba gus dìon bheathaichean ann an cunnart. Chuir aon taisbeanadh stad air Fionn,

“Tha àireamhan ann an aon às gach trì gnèithean san RA air tuiteam dàrna leth anns na leth-cheud bliadhna a dh’fhalbh,” leugh e a-mach. B’ e naidheachd uabhasach a bha sin.

Le ùidh a bhith ag ionnsachadh barrachd, thug Finn a-mach am fòn aige agus thadhail e air làrach-lìn RZSS. Sheas dhà de na prògraman briodachaidh glèidhteachais a-mach dha – am Beach-gobhair Giuthais (Pine Hoverfly) agus an Laomann Dorcha (Dark Bordered Beauty Moth), dà ghnè dhùthchasach gan àrach aig Pàirc Fiadh-bheatha na Gàidhealtachd.

#### **[SEALL SLEAMHNAG LE LAOMANN AGUS BEACH-GOBHAIR]**

“Tha co-chothromachd dhà-thaobhach bhrèagha aig na dhà sin cuideachd!” thuirt Finn, a’ sgrìobhadh sìos an ainmean airson nan sgeidsichean a dhèanadh e orra. Meòrachadh matamataigeach eile – duilleag eile na leabhar notaichean air a lìonadh.

Nuair a chuir e an leabhar notaichean agus am fòn aige air falbh a-rithist, ghlac rudeigin a shùil anns na preasan ri taobh na slighe. “Cò tha air a bhith a’ tilgeil sgudal anns an sù?” arsa Fionn gu crosta, a’ crùbadh sìos gus a thogail.

**[SEALL SLEAMHNAG LE CAIRT-PUIST W]**

Ach cha b' e sgudal a bh' ann – ach cairt-puist eile. Feumar a bhith gun do thuit e air cuideigin gun fhiosta dhaibh. “Cuiridh mi seo ris a’ chruinneachadh agam,” smaoinich e, ga ghlèidheadh na phoca.

**[DÈAN TÒIMHSEACHAN - TAGH BHO CHAT-FIADHAICH, BEACH-GOBHAIR NO LAOMANN]**

## Caibideil 4: Muncaidhean aig Bannan Beò (Living Links)

### [SEALL SLEAMHNAG LE MAPA AN SÙ AIRSON TÒISEACHADH]

Càite an tèid mi a-nis? Choimhead Fionn air a' mhapa. "Tha Bannan Beò a' coimhead inntinneach," smaoinich e. Chaidh e na b' fhaide sìos an leathad, a' dol tron cheàrnag nan cangarù is wallaby, gus an do ràinig e Ionad Bhannan Beò. Mhìnich soidhne a-muigh gur e seo dachaigh Muncaidhean Feòraig is Muncaidhean Capuchin.

### [SEALL SLEAMHNAG LE SOIDHNE BHANNAN BEÒ]

Dìreach an uair sin, tharraing guth aire, "An urrainn dhomh do chuideachadh? Mise Maurice, aon de na Maoir-dùthcha an seo." Smèid Fionn ris a' Mhaor-dùthcha chàirdeil, "Haidh! Bha mi dìreach a' beachdachadh – carson a tha Bannan Beò agaibh air?"

"Is e giorrachadh a th' ann airson Bannan Beò ri Mean-fhàs a' Chinne-daonna," mhìnich Maurice. "Tha sinne nar prìomhaidean cuideachd, agus mar sin is e muncaidhean is apaichean ar càirdean as dlùithe. Is e ceanglaichean beò a th' annta ris na sinnsearan a tha againn uile. Tha sgrùdadh nan ainmhidhean sin gar cuideachadh a' tuigsinn cò às a thàinig sinn fhìn." Ghnog Fionn a cheann.

"Agus abair gun tàinig thusa aig deagh àm," thuirt Maurice. "Bhiodh paidhir shùilean eile na chuideachadh mòr dhomhsa." Bha Fionn air a dhòigh, "Aidh," ars esan. "Dè nì mi dhut?"

"Bidh sinn a' cunntadh nam muncaidhean uile gu tric, ach tha e duilich nuair a bhios iad a' gluasad mun cuairt. Nam b' urrainn dhut mo chuideachadh a' cunntadh cia mheud Muncaidh Feòraig is Muncaidh Capuchin a th' againn an-diugh, bhiodh sin uabhasach feumail." Rinn Fionn gàire agus thug e a-mach an leabhar notaichean aige. "Deiseil agus deònach!"

Às dèidh dha sùil fhaiceallach a thoirt air na muncaidhean beòthail – cuid a' leum gu h-àrd, cuid gan glanadh fhèin, cuid eile ag ithe - thug Fionn dha na notaichean aige. "Tha e duilich cunntadh nuair nach suidh iad aig fois fiù airson dìog," thuirt e. "Ach tha mi a' smaoineachadh gun d' fhuair mi iad uile."

"Rinn thu math dha rìreabh," arsa Maurice, a' coimhead ri notaichean Fhinn. "Is e seo an dearbh sheòrsa dìchill air a bheil feum againn an seo. Tha coltas gu bheil do mhatamataig agus do sgilean cunntadh mhuncaidhean aig ìre àrd." Rinn Fionn gàire, a shùilean a' dol air ais chun nam muncaidhean. "Is e seòrsa eadar-dhealaichte de mhatamataig a th' ann," thuirt e gu beachdail. "Ach is toil leam e."

### [SEALL SLEAMHNAG LE CAIRTEAN-PUIST S AGUS L]

Shìn Maurice a-steach don phòcaid aige agus thug e a-mach dà chairt-puist. "Seo, smaoinich orra seo mar phrèasant beag bho na muncaidhean." Rinn Fionn gàire agus e gan cur air falbh. A' tilgeil a phoca thairis air a ghualainn, smèid e ri Maurice. Nuair a choisich e a-mach a-rithist don ghrèin, sheall e air a' mhapa a-rithist. Bha beagan àiteachan rin sgrùdadh fhathast, agus bha e deiseil airson ge b' e dè an ath rud a thigeadh.

### [DÈAN TÒIMHSEACHAN 4]

## Caibideil 5: Àrainnean Coille-uisge

### [SEALL SLEAMHNAG LE MAPA AN SÙ AIRSON TÒISEACHADH]

Thionndaidh Fionn timcheall an oisein bho Bhannan Beò agus, an dèidh dha reòiteag fhaighinn, choisich e a-null gu cùil a' mhion-each-aibhne. Bha sluagh air cruinneachadh, air am beò-ghlacadh le Haggis, am bèibidh mion-each-aibhne.

“Fionn Finity a th’ ann,” dh'èigh grunn le chèile. Ghabh Fionn uiread iongnaidh 's gun do theab an reòiteag tuiteam air nuair a ruith buidheann de chlann-sgoile a-null, air bhoil. Rinn e gàire. “Halò! Dè tha sibh uile ris?”

### [SEALL SLEAMHNAG LE FIONN AG ITHE REÒITEAG, AGUS NA H-EICH-AIBHNE]

“Tha sinn ag ionnsachadh mun Choille-uisge,” thuirt fear dhiubh, agus thuirt feadhainn eile, “Ach tha sinn steigte! Chan eil fhios againn dè na beathaichean a tha a' fuireach càite!” Sheall Fionn mun cuairt. Bha beathaichean bho choilltean-uisge air feadh an t-saoghail anns na cròithean faisg air làimh.

“Ceart gu leòr, ceart gu leòr – gabhaibh air ur socair!” ars esan, a' lachanaich. “Seall dhomh dè a th’ agaibh.” Thug aon den chloinn an duilleag-obrach aca dha.

Sheall Fionn ris. Bha ceithir sreathan den choille-uisge air: Làr na Coille, Fo-sgàil-bhrat, Sgàil-bhrat, agus Bàrr-chrann. B' e an dùbhlán a bh' aca faighinn a-mach dè na beathaichean a bha a' fuireach anns gach sreath den choille-uisge aca – ach airson sin a dhèanamh, b' fheudar dhaibh sreath de thòimhseachain fhuasgladh an toiseach.

Las sùilean Fhinn le toileachas, “Chan iarainn na b' fheàrr,” dh'èigh e, a' slaodadh an leabhar notaichean a-mach às a' phoca. “Is fìor thoil leam deagh thòimhseachan loidsig!”

Chruinnich a' chlann mun cuairt, agus còmhla thòisich iad ag obair tron thòimhseachan, a' maidseadh bheathaichean ris na dachaighean coille-uisge aca aon às dèidh a chèile.

Cho luath 's a bha iad air na beathaichean uile a mhaidseadh ris na sreathan ceart, rinn a' bhuidheann gàirdeachas. “Nach tu a tha math air seo!” ars aon phàiste. Rinn Fionn gàire. “Rinn sibhse feum mòr cuideachd.”

### [SEALL SLEAMHNAG LE CAIRTEAN-PUIST H AGUS M]

Thug a' chlann taing dha agus, mus deach iad air ais chun an tidseir aca, thug iad dà chairt-puist dha. “Dhutsa,” thuirt iad le gàire. Smèid Fionn riutha fhad 's a ruith iad air falbh.

Sheall Fionn air an leabhar notaichean aige, làn sgeidsichean bhon latha. Smaoinich e air a h-uile rud a dh'fhiosraich e. B' e latha dìreach fhèin mìorbhaileach a bh' ann.

### [DÈAN TÒIMHSEACHAN 5]

## Crioch-sgeòil

Mar a bha Fionn a' dèanamh a shlighe a dh'ionnsaigh geata an sù, chaidh e seachad air cròithean nach robh ùine aige a sgrùdadh – bha an-còmhnaidh barrachd ri fhaicinn. Stad e gus an t-slighe a ghabh e tron sù a leantainn air a' mhapa: bho chinn-fhionna, siorafan agus cait-fhiadhaich, gu laomainn agus muncaidhean, tòimhseachain agus pàtrain, loidsig agus ionnsachadh. Bha rudeigin iongantach aig a h-uile stad. Dùbhlàn ri fhuasgladh. Beathach ri fhaicinn. Dòigh ùr air an saoghal fhaicinn.

Air ais aig an taigh, chuir Fionn a notaichean agus a dhealbhan gu faiceallach air balla a sheòmar-cadail. Mar a ghabh e ceum air ais gus an taisbeanadh fhaicinn, chuimhnich e air na cairtean-puist a chruinnich e aig an sù. Thug e às a phoca iad agus sgaoil e a-mach iad gus sùil nas fheàrr fhaighinn orra: naoi cairtean, gach fear le litir dhathte eadar-dhealaichte.

### [SEALL SLEAMHNAG LE CAIRTEAN-PUIST UILE TROIMH-A-CHÈILE]

Chluich e leis na cairtean na làmhan. Gu h-obann, thàinig beachd thuige, “Fuirich mionaid... sin dìreach na nì mi!” thuir e fo anail, ag ath-òrdachadh nan cairtean gu togarrach agus gan cuir os cionn an taisbeanadh aige. “Sin e a-nis!” thuir e le gàire.

An dùil dè litrich Fionn leis na cairtean? A bheil càil a bheachd agad? An urrainn dhut obrachadh a-mach? Ath-òrdaich na litrichean bho chairtean-puist Fhinn gus abairt dà-fhacal\* a tha co-cheangailte ris an sgeulachd a dhèanamh.

*\*Nota: tha an abairt sa Bheurla.*

\*\*\*\*\*

### **Bònas:**

Math fhèin airson ruighinn cho fada seo! An do dh'fhuasgail thu na tòimhseachain uile, dìreach mar a rinn Fionn? Tha duilleag-lìn dhìomhair againn far an urrainn dhut duais bheag a luchdachadh sìos, ach tha a' phàirt mu dheireadh den URL a dhìth:

[www.mathsweek.scot/\\_\\_\\_\\_\\_](http://www.mathsweek.scot/_____)

Cuir an abairt a dh'fhuasgail thu gu h-àrd, às aonais na beàirn, ris an URL gus an duilleag fhuasgladh!

*(Ma tha thu steigte, tha cuideachadh ann an Caibideil 3 far a bheil Finn a' bruidhinn air an taisbeanadh aige).*